u + **g** sèimhichte > /u:/ (faic §§ 4.7.7.4, 4.7.7.13), m.e. /Lu:tɔxkɣN’/ *lùghdachdainn* agr., cf. SG **lugu** (DIL s.v. ‘bec’), NGT **lugugud** agr. (DIL s.v.), /smũ:ɛk’/ *Smùthaig* (ainm-àite), bho SL **smuga-vík** ‘cave bay’ a rèir W.J. Watson 1904 : 229.

11.3.2.3 Suathaich phalataichte :

a + suathach palataichte sèimhichte > /_iai/, /_iĩi/ (faic § 4.10.4.2), m.e. /_iĩi_nɣ/ *aibhne* gin. sg. de /a.uN’/ *abhainn* ainr., cf. SG ain. iol. **aibne** (DIL s.v. ‘ab’); /_iĩi_rɛ^h/ *aimhreit* ainr., MG **amréid** (DIL s.v. ‘aimréid’); /N_iĩi_tɣn/ *nàimhdean* ainr. iol., SG cusp. iol. **náimteá** (DIL s.v. ‘náma(e)’); /^ht_iai_s’/ *taibhs* ainr. (‘A GHOST’) SG **taidbsiu, taidbse** ‘vision, ... phantasm’ (DIL s.v.); /m_iĩi_s’_tɣr’/ *maighstir* ainr., MG **magister** (DIL s.v. ‘maigister’).

a + **m, d, g** sèimhichte > /_iɣi/ (faic § 4.15.4.2), m.e. /k_iɣi_nɣ/ *gaimhne* iol. de /kẽ.uN’/ *gamhainn* ainr., a rèir coltais bho SG ain. iol. ***gamni** (cf. DIL s.v. ‘gamuin’); /_iɣi_x(ɣ)/ *oidhch(e)* ainr., SG cusp. tabh. sg. **aidchi** (DIL s.v. ‘adaig’); /s_iɣi_tɣk/ *saighdeadh* ainr. (‘A STABBING PAIN’) cf. Dw. s.v. ‘saighdeadh’ (‘darting, act of darting forward, as an arrow’) is dòcha aig deireadh cùise bho /sa.it/ *saighead* ainr., SG **saiget** (DIL s.v.); /s_iɣi_tar/ *saighdear* ainr., MG **saigteóir** (DIL s.v.);

a + **d** sèimhichte > /_iui/ (faic § 4.14.5.5), ann an /ɣ ^hx_iui/ (t. deas) *a chaidh* cgr., MG **caidchi, chaidchi**, ‘continually, ... henceforth, ever’ (DIL s.v. ‘caidchi’).

a no **o** + **g** sèimhichte > /ɣ:/ (faic § 4.9.7.2), ann am /fɣ:.i/ agus /fɣ:hi/ *faighdhe* ainr. (bt. ‘faoighe’) (‘THIGGING’) SG **foigde**, **faigde** (DIL s.v. ‘foigde’).

e + **m** sèimhichte > /t͡ʃi:/ (faic § 4.10.4.4), m.e. /Rt͡ʃiɾˠɔxk/ *reimhreachd* ainr., bt. ‘reamhrachd’, dh’fhaodadh bho sheann ***remrecht**, faic Oftedal 1956 : 87 agus cf. NGT *reimhre* (DIL s.v. ‘remor’); /sˠLˠt͡ʃiɾˠɔxk/ *sleimhneachd* ainr., bt. ‘sleamhnachd’ cf. MG **slemne** ainr. (DIL s.v. ‘sleimne’), cuideachd /sˠLˠt͡ʃiɾˠɔx/ *sleimhne* br. coim., SG coim. ***sleimniu**.

e + **d** sèimhichte > /e:/ (faic § 4.3.5.10), m.e. /fe:m/ *feum* ainr., MG **feidm** (DIL s.v.).

e (a’ leantainn **m**) + **g** sèimhichte > /ɛ:/ (faic § 4.16.4.2), m.e. /mɛ:lˠixˠ/ *mèilich* agr. (‘BLEATING’ de chaoraich) SG **megleach** (DIL s.v. ‘meigleach’).

i + **g** sèimhichte > /i:/ (faic §§ 4.4.5.3, 4.4.5.11), ann am /prˠi:tˠan/ *brìdean* ainr. (*Haematopus ostralegus* ‘OYSTERCATCHER’) cf. NGE ‘Giolla Brighde’ (Dinneen) leis an aon chèill, cf. MG gin. **Brigte** (DIL s.v. ‘Brigit’); /ri:nɣ/ (fuaim. caoch.) *ruighne* br. coim. (‘TOUGHER’), MG br. coim. ***rigniu**, cf. ain. iol. **rigne** (DIL s.v. ‘rigin’).

o + **m** sèimhichte > /t͡ʃi:/ (faic § 4.13), ann an dà fhacal leis a’ mhoirfeim GA {COMH} SG **com-** ro chonsan palataichte: /kˠhˠt͡ʃiɾˠɛpɔx/ *coimhleabach* ainr. (‘BEDFELLOW’), NGT **coimhleabhach** (DIL s.v. ‘coimlephach’); /kˠhˠt͡ʃiɾˠɣNtˠɣ/ *coimhleanta* br. (‘ALL THERE’, *compos mentis*), **com-** agus cf. SG **línaid** gr.

o + **m** sèimhichte > /t͡ʃi:/ (faic § 4.14.5.4), ann an /t͡ʃiɾˠɔx/ *doimhne* ainr., MG **do(i)mne** (DIL s.v. ‘domne’).

o + **b, g** sèimhichte > /ɣi:/ (faic § 4.15.4.2), m.e. /kɣiɾˠɔx/ *goibhne*, cuideachd /kɣiɾˠɔx/ *goibhnean*, iol. de /ko.u/ *gobha* ainr., NGT cusp. iol. **goibniu** (DIL s.v. ‘gobae’); /ɣiɾˠɔx/ *oighre* ainr. (‘AN HEIR’) MG **oigre** (DIL s.v. ‘eigre’), cuideachd /ɣiɾˠɔxk/ *oighreachd* ainr. (‘AN ESTATE’) MG **oigrecht** (DIL s.v. ‘eigrecht’).

o + **d, m** sèimhichte > /ɔ:/, /ɔ:/ (faic §§ 4.5.7.17, 4.5.7.22), dh’fhaodadh ann am /pɔ:xˠɣ/ *bòidhche* br. coim., cf. SG **búaid** ainr., cuideachd (dh’fhaodadh an riochd as tràithe) **bód** (DIL s.v. ‘búaid’); agus ann an /tˠhˠɔ:sˠɔxan/ *tòimhseachan* ainr. cf. SG **tomus**.

u + b, d sèimhichte > /_lu_i/ (faic § 4.14.4.2), m.e. /k^h_lu_ir'ɣN/ *cuibhreann* ainr. ('PORTION' 'HELPING' de bhiadh) SG **cuibrend** (DIL s.v. 'cuibrenn'); /nɣs 'p_lu_ir'ɣ/ *nas buidhre*, coim. de /po.ur/ *bodhar* br., cf. MG **buidre** 'deafness' (DIL s.v.); /f_lu_il'ɔx/ (fuaim. caoch.) *fuidhleach* ainr. ('LEAVINGS' de bhiadh) SG **fuidlech** 'a remainder or remnant' (DIL s.v.).

u + b, d sèimhichte > /_lui/ (faic § 4.14.5.2), m.e. /ɣ_lui/ *dhuibh*, /ɣ_luis/ *dhuibhse* riochd. roi. 2 iol., SG **dúib, dúib-si** (Th. § 435); /f_luij'ɔx/ (fuaim. caoch.) *fuidhleach* ainr. ('LEAVINGS' de bhiadh) SG **fuidlech** 'a remainder or remnant' (DIL s.v.).

u + m sèimhichte > /_lũi/ (faic § 4.14.5.2), ann an /k^h_lũjnɣ/ *cuidhne* ainr., SG **cuidne** (DIL s.v.).

11.3.2.4 Cinneachadh eisgeachdail :

e + m palataichte sèimhichte > /_lẽu/, ann an /k'ẽu_rɣk/ *geamhradh* ainr., gin. /k'ẽu_ri/ agus cuideachd /k'ẽu_ri/ (le /r'!) *geamhraidh*, NGT ain. sg. **geimread, geamhrad**, NGT gin. sg. **geimrid, gaimrid** (DIL s.v. 'gemred').

o + b neo-phalataichte sèimhichte > /_lɣi/, ann an /k_lɣi_r'ɣ/ *goibhre*, gin. de /ko.ur/ *gobhar* ainr., cf. SG tabh. iol. 'gabraib' (DIL s.v. 'gabor'); ann an /s_lɣij'ɣN/ *soibhlean*, iol. de /so.uL/ *sobhal* ainr., bt. 'sabhal', cf. MG cusp. iol 'sabla' (DIL s.v. 'saball').

11.4 Fuaimreagan srònach

Faic § 2.7 airson beachdachaidh air srònachd ann am fuaimreagan an Gl.

11.5 Palatachd sna consain bhilich

San tràchdas seo chan eil àite air a thoirt do bhilich phalataichte ann an siostam nan consan a gheibhear an Gl. ; gabhar ris gu bheil a' chomhaireachd palataichte ~ neo-phalataichte air a neodrachadh anns na bilich.(faic §§ 3.2.1, 5.3).

Tha na cinneachaidhean a leanas air a bhith aig na seann bhilich phalataichte :

11.5.1 AIG TOISEACH FACAIL

Aig toiseach facail gheibhear aon chuid bileach air a leantainn le fuaimreag bheulaibh, air neo tha am feart palatach air cinneachadh na fhòineim teasganach, leth-fhuaimreag /i/. Ann an cuid de dh'fhaclan gheibhear iar-riochdan bhon dà chinneachadh seo (faic cuideachd §§ 4.2.1.2, 4.2.1.3): /pɛxk/ agus /p̲ɔxk/ *beachd* ainr., cf. MG **becht** 'exact; ... sure, certain' br. (DIL s.v.); /pɛLɔx/, /p̲ɔLɔx/, /p̲ɛLɔx/ *bealach* ainr., SG **belach** (DIL s.v.); /fɛ:RNɣ/ agus /f̲ɔ:RNɣ/ *feàrna* ainr., MG **fern** (DIL s.v.), /m̲i̯ɛu̯L/, /m̲i̯ɛu̯L/ *meall* ainr., SG **mell** (DIL s.v. '1 mell'). Ann an cuid de dh'fhaclan eile tha mi am barail gur e aon iar-riochd a-mhàin a chluinnear: /f̲i̯ãNak/ *feannag* ainr. ('HOODED OR ROYSTON CROW' *Corvus corone cornix*) MG **fennóc** (DIL s.v.), ach chan e **/f̲ɛNak/.

11.5.2 GU H-EADAR-FHUAIMREAGACH

Gu h-eadar-fhuaimreagach chaidh seann shuathaich bhileach phalataichte sa chumantas a chall (air neo 's e /h/ a gheibhear nan àite), an dèidh dhaibh buaidh a thoirt air seann fhuaimreig ghoirid gun bheum a bha gan leantainn (faic §§ 11.2.2.1, 7.4.3.3): /Lu.in/ *luibhean* iol. de /Luɣ'/ *luibh* ainr., SG iol. **luib**, nas fhadalaiche gu tric **luibenna** (DIL s.v. 'luib'); /k^hr̥ɛ:.in/ *cnàimhean* iol. de /k^hr̥ɛ:ɣ'/ *cnàimh* ainr. ('BONE'), SG ain. sg. **cnáim** (ach SG ain. iol. **cnámai**) (DIL s.v. 'cnáim'); /k^hr̥ũhin/ *cnuimhean* ('MAGGOTS, MITES') iol. de /k^hr̥ũɣ'/ *cnuimh* ainr., MG ain. sg. **cruim**, NGT cusp. iol. **cruimhe** (DIL s.v. '1 cruim'); /e:.iL'/ *èibhill* ainr. (bho */e:.iL/ **èibheall* le ginearalachadh den tabh.) 'LIVE COAL' SG **oíbell** (DIL s.v. '2 oíbell'). Ann an /k^hʒ.at/ *comhad* agr., bt. 'coimhead' SG **comét** (DIL s.v. 'coimét') tha an suathach bileach palataichte air chall gun lorg sam bith air an fheart phalataichte a bha aige, seach nach gabh an t-seann fhuaimreag fhada atharrachadh gu /i/.

Mar a' chiad eileamaid de chòmhlán chonsan tha seann shuathaich bhileach phalataichte sa chumantas air chall an dèidh dha dà-fhoghar-i a dhèanamh leis an fhuaimreig thùsail le beum :

/k^hʷi_ir'ɣN/ *cuibhreann* ainr. ('PORTION' 'HELPING' de bhiadh) SG **cuibrend** (DIL s.v. 'cuibrenn'); /k^hʷi_inɣ/ *cuimhne* ainr., SG **cuimne** (DIL s.v.). A thaobh /k^hʷhinaL/ *coitheanal* ainr., a gheibhear sa chumantas mar iar-riochd bho SG **comthinól** (DIL s.v.), tha an còmhlan palataichte **-mth-** air /h/ a thoirt. Ach cluinnear cuideachd gu h-ainmig /k^hʷhinaL/, far a bheil an còmhlan palataichte **-mth-** air cinneachadh na shuathach palataichte anailichte /ɣ^h/; ged a dh'fhaodadh e a bhith gu bheil an riochd seo air iasad bho dhualchainnt eile.

Uaireannan 's e /v/ a gheibhear bho sheann shuathach bhileach palataichte meadhanail : /e:viN'/ *èibhinn* br. ('PECULIAR, FUNNY') SG **áibind, óibind**; /s_iɣi_vrɣr/ *saidhbhear* br., bt. 'saidhbhir', MG **saidbir**; ann an còmlan : /s_iɣi_vrɣs/ *saidhbhreas* ainr., MG **saidbre**; /s_iũa_vnɔx/ *suaimhneach* br. ('COMFORTABLE') MG **súaimnech** 'peaceful, tranquil' (DIL s.v.).

Tha bilich eile (neo-shuathach) uaireannan air am feart palataich a chall gun bhuidh air a bhith aige air an fhuaimreig le beum, m.e. /truĩmiN'/ *druiminn* ainr. ('A SMALL RIDGE'), cf. /tr_iũi_m/ (agus /tr_iũi_m/) *druim* ainr., SG **druim** (DIL s.v. 'druim(m)'); /f_iuɣ_mɣn/ *fuaimnean*, iol. de /f_iuɣ_m/ *fuaim* ainr., MG **fúaim(m), fúam** (DIL s.v. '1 fúaimm'); /sũmɣk/ *suimeadh* ainr. & agr., cf. /s_iũi_m/ *suim* ainr. ('REGARD; A SUM') MG **suim** (DIL s.v.), /sup^har'/, cuideachd /swp^har'/, *suipeir* ainr., B **supper**; /k^hup^hɣk/ *cuipeadh* agr. ('A WHIPPING') B **whip**. Ann am faclan eile tha am feart palataichte air cinneachadh na leth-fhuaimreig /j/ no mar an dara eileamaid de dhà-fhoghar-i, eadar an fhuaimreag le beum agus am bileach : /mũimɣ/ *muime* ainr. ('STEPMOTHER') SG **muim(m)e, bum(m)e** 'a nurse, fostermother' (DIL s.v. 'muim(m)e'); /k^hɔim_is/ *coimeas* ainr. ('COMPARISON') MG **coimmes** (DIL s.v.) (cluinnear cuideachd riochd /k^homɣs/ a tha homanaimeach ri /k^homɣs/ *comas* ainr. 'ABILITY'); /s_iũi_mɣn/, cuideachd /sũmɣn/ *suimean*, iol. de /s_iũi_m/ *suim* ainr., MG **suim** (DIL s.v.). Faic cuideachd § 5.10.1.1.

11.5.3 AIG DEIREADH FACAIL

Aig deireadh facail a' leantainn fuaimreig le beum tha suathaich bhileach phalataichte a' toirt /y'/ no /v/. An dèidh fuaimreig chùlaibh no /ě/ < /ǎ/, 's e /y'/ a gheibhear : /těy'/ *daimh* gin. is iol. de /těv/ *damh* ainr., MG gin. sg., ain. iol. **daim**, **doim** (DIL s.v.) ; /Lǎ:y'/ *làimh* ainr., SG cusp. **láim**, ain. sg. **lám**, nas fhadalaiche cuideachd **láim** (DIL s.v. 'lám') ; /Lu:y'/ *luibh* ainr., SG **luib** (DIL s.v.) ; /k^hLǔ:y'/ *clòimh* ainr., MG **clúm**, **clúim** (DIL s.v.) ; /k^hrě:y'/ *cnàimh* ainr. ('BONE') SG **cnáim** (DIL s.v.) ; /k^hrũy'/ *cruimh* ainr. ('A MITE, SMALL MAGGOT') MG **cruim** (DIL s.v.) ; /ũa:y'/ *uaimh* ainr. ('A CAVE') MG ain. sg. **úaim** (DIL s.v. '2 úam') ; /sa:y'/ *sàibh* iol. de /sa:v/ *sàbh* ainr., BA **saw**. Cluinnear /v/ an dèidh fuaimreig bheulaibh : /N'ěv/ *neimh* ainr. ('CHILL') (DIL s.v. 'neim') ; /s'ě:v/ *sèimh* br., SG **séim** (DIL s.v.) ; /t'el'e:v/ *deilbh* agr., SG tabh. **deilb** agr. 'shaping, fashioning' etc. (DIL s.v. 'delb'). A thaobh /t'ǎi:v/ *dàimh* ainr., SG **dám**, nas fhadalaiche **dáim** 'A company, ... retinue' (DIL s.v. 'dám'), faodaidh e a bhith gu bheil seo air iasad bho dhualchainnt eile, cf. an dà riochd /t'ǎi:vɔl'/ agus /t'ě:y'ɔl'/ *dàimheil* br., a chluinnear air a' bhuadhair dhì-ainmearach. Ann an cuid de dh'fhaclan le svarabhakti, tha seann suathach bileach palataichte a bha a' leantainn fuaimreig chùlaibh air tuiteam às agus tha an fhuaimreag eipeintiseach sa chòmhlán svarabhakti air a h-atharrachadh gu /i/ air taobh a deas Loch Gheàrrloch : /m_lar'í/ *mairbh* ainr. iol., cf. /m_lar_v/ *marbh* br., SG **mairb** (DIL s.v. 'marb'), /t^h_lar'í/ *tairbh* ainr. gin. agus iol., MG gin. **tairb** (DIL s.v. 'tarb') ; am Mealabhaig cluinnear /m_lar'á/ agus /t^h_lar_v/ agus /t^h_lar'á/.

Tha seann **m** (neo-shuathach) palataichte a' toirt dà-fhoghar-i : /kr_li_m/ *greim* ainr., SG **greimm** (DIL s.v.) ; /tr_lũi_m/ (agus /tr_lũi_m/) *druim* ainr., SG **druim** (DIL s.v. 'druim(m)') ; gheibhear /e:/ bho sheann é fhada : /pe:m/ *beum* ainr. ('A CUT ; CRITICISM') SG **béim** (DIL s.v.) ; /k^he:m/ *ceum* ainr., MG **céim** (DIL s.v.). Tha am feart palatach air chall gu tur an dèidh seann dà-fhoghair ann am /f_lu_v/ *fuaim* ainr., MG **fúaim(m)**, **fúam** (DIL s.v. '1 fúaimm') ; /v_lu_v/ *bhuam* riochd. roi. 1 sg., SG **(h)úaim(m)** (Th. § 435).

Tha **b** (neo-shuathach) palataichte an dèidh fuaimreig fhada ag adhbharachadh dà-fhoghar-i : /L₁ui₁p/ *lùib* ainr. (eileamaid ann an ainmean-àite, le ginearalachadh den tabh., ‘BEND, BAY’) SG cusp., tabh. sg. **lúib** (DIL s.v. ‘lúb’); gheibhear dà-fhoghar-i cuideachd ro /p^h/ ann an /R₁ui₁p^h/ *ruip*, gin. (riochd caoch.) de /Rɔ:p^h(ɣ)/ *ròp(a)* ainr., B **rope**. An dèidh fuaimreig ghoirid tha am feart palatach aig seann **b**, **p** (neo-shuathach) gu tric air a chall : /r^hi t^hu: nɣ k^hap/ *ri taobh na ca(i)b* (‘BESIDE THE GAP’) le gin de /k^hap/ *cab* ainr. (am beachd MacBain s.v. ‘The word is borrowed from two English words — *gap* and *gab*’); /k^hup^h/ *cui^hp* ainr., B **whip**. Ach ann an àireimh de dh’fhaclan tha am feart palatach air cinneachadh na leth-fhuaimreig /j/ eadar an fhuaimreag le beum agus an consan : /ku₁p/ *guib*, gin. de /kop/ *gob* ainr., MG **gop** (DIL s.v.); fiù ’s an dèidh seann dà-fhoghair ann an /sk₁uɣ₁p/ *sguaib*, gin. de /sk₁uɣ₁p/ *sguab* ainr., MG **scúap** (DIL s.v.).

11.5.4 Bhite an dùil ri /i/ bho sheann fhuaimreig gun bheum + shuathach bileach palataichte, agus ’s e sin a gheibhear gu tric. Ach uaireannan ’s e /u/ a gheibhear san t-suidheachadh seo (faic § 7.7.3.1(i)); agus uaireannan gheibhear /i/ bho sheann fhuaimreig gun bheum + shuathach bileach neo-phalataichte (chithear eisimpleirean aig § 7.4.3.5). Gheibhear beachdachadh air adhbharan eachdraidheil na cùise seo ann am Ó Maolalaigh 2002. ’S e an t-aon iar-riochd cha mhòr an-còmhnaidh a tha aig CNC agus aig RMC sna faclan seo.

11.5.5 Tha seann **m** aig deireadh facail ann an lidean gun bheum air am feart palatach a chall : /k^har^hɣm/ *caithream* ainr., (‘fuaim mòr bruidhne’) MG **caithréim** ‘martial career; triumph’ (DIL s.v.); /fɣ:Lɣm/ *foghlam* ainr., SG **foglaim(m)** (DIL s.v. ‘foglaimm’); /t^hir^hɣm/ *tioram* br., SG **tirim** (riochd le **i** ghoirid) (DIL s.v. ‘tirim’); /t^hut^hɣm/ *tuiteam* agr., SG agr. **toth(a)im(m)** (Th. § 735), MG **tuitim** (DIL s.v.).

11.6 Suathaich agus hiatas

11.6.1 Tha seann **ch** neo-phalataichte a' mairsinn mar /x/. Tha an còmhlán **xk** neo-phalataichte san fhìor chumantas a' toirt /xk/, ach ann an àireimh bhig de dh'fhaclan gheibhear /k^h/, m.e. /pru:k^h/ còmhlán ri /pru:xk/ *brùchd* gr. àithn., SG **brúchtaid** (DIL s.v.). 'S e /x/ a chluinnear mar iar-riochd ann an /ax/ *ach* nr., SG **acht** (DIL s.v. '1 acht').

11.6.2 Tha seann **ch** palataichte a' mairsinn mar /x'/ aig toiseach facail, agus gu meadhanail agus aig deireadh facail ann an suidheachadh gun bheum. A thaobh seann **ch** a' leantainn fhuaimreagan le beum, gheibhear /x'/ cuideachd an dèidh fhuaimreagan fada agus dhà-fhogharan, agus an dèidh fhuaimreagan goirid bheulaibh, m.e. : /t'i:x'ɣL/ *dìcheall* ainr., NGT 'dìcheall' (DIL s.v. 'díchell') ; /xɑ:x'/ *chàich* gin. de /k^hɑ:x/ *càch* riochd., SG gin. **cáich** (DIL s.v. 'cách') ; /fru:x'/ *fraoich* ainr. gin., SG gin. sg. **fróich** (DIL s.v. 'fráech') ; /prɪuɣx'(ɣ)/ *bruaich(e)*, gin. de /prɪuɣx/ *bruach* ainr. ('A BANK'), MG **brúach** (DIL s.v. 'bruach') ; /ex'/ *eich* gin. sg. agus ain.¹²⁸⁰ iol. de /ex/ *each* ainr., MG gin. sg., ain. iol. **eich** (DIL s.v. 'ech'). Ach an dèidh fhuaimreagan goirid cùlaibh le beum tha e sa chumantas a' toirt /h/ gu meadhanail agus /ɣ'/ aig deireadh facail, m.e. : /k^hLɔhi/ *cloiche* gin. sg, /k^hLɔɣ'/ *cloich* tabh. sg, de /k^hLɑx/ *clach* ainr., MG gin. sg. **cloiche** (DIL s.v. 'cloth') ; /xLuhik/ *chluicheadh* gr. cumh., /k^hLuɣ'/ *cluich* agr., cf. SG **cluiche** ainr. (DIL s.v.) ; /trɔhit'/, cuideachd /trɔhɔt'/, *droicheid* ainr., bt. 'drochaid', NGT **droichead** (DIL s.v. 'drochet'). Mar eisgeachdan, tha àireamh bheag de dh'fhaclan ann sam faighear /x'/ bho **ch** palataichte an dèidh fuaimreig ghoirid chùlaibh : /prax'/ *braich* ainr., SG **mraich** (DIL s.v.) ; /k^hLɔx'ɣr/ *cloichear* ainr. ('DEATH-RATTLE'), freumh-eòlas neo-shoilleir ach cf. NGA 'cloichear', 'clochar', 'glochar' (Dw. s.vv.) ; /tɔx'ɣNt^hɣ/ *doicheanta* br. ('GLOOMY'), agus /fɑx'ɣL/ *faicheall* ainr. ('WATCHFULNESS'), gun fhreumh-eòlas soilleir ; /^lɑ,x'ɛp^hɔx/ *aithcheapach* ainr. ('talamh a chaidh a threabhadh agus anns an robh bàrr a' bhliadhna roimhe', 'RED GROUND'), cf. SG **aith-**, **ath-** (Th. § 824) + NGA

¹²⁸⁰ nominative

‘ceapach’, le dàrnacha beum air an dara lide. A thaobh chòmhlán svarabhakti, tha an suidheachadh mar a leanas : gheibhear /x'/ bho sheann **ch** palataichte an dèidh fhuaimreagan beulaibh, m.e. /ĩmĩx'es't'/ *imcheist* ainr., cf. SG ain. iol. **imchesti** (DIL s.v. ‘imcheist’); /t^hĩmĩx'ɣL/ *timcheall* roi. & cgr., SG **timchell**, **timchull** (DIL s.v.). Ach an dèidh fhuaimreagan chùlaibh fhuaras eisimpleirean den dà chuid /x'/ agus /h/, m.e. le /x'/ : /tĩuru₁x'ɣ/ *duirche* coim. de /tĩɔrɔ₁x(ɣ)/ *dorch(a)* br., SG **dorchae** (DIL s.v.) /hĩɔl'ɔ₁x'ɣs/ *thoilcheas* gr. teachd. dàimh., agus /hĩɔl'ɔ₁x'ɣk/ *thoilcheadh* gr. cumh., cf. SG cusp. **toil** (DIL s.v. ‘tol’); le /h/ : /ɣĩal'ɑ₁hɣk/ *dh'fhailcheadh* gr. cumh., cf. /fɑLɔx/ *falach* agr., SG **folach**; /fĩar'ɑ₁hiN'/ (fuaim. caoch.) *fairchinn* agr., bt. ‘faireachdainn’ SG **airiugad** (DIL s.v. ‘airigidir’); /fĩɛnɛ₁hiN'/ (le /ɛ/ < /ɑ/) *faithnchinn* agr. (bt. ‘aithneachadh’), cf. /f ɛn^hix'/ *faithnich* gr. àithn. (bt. ‘aithnich’) MG **aithnid**.

11.6.3 Tha seann **d** agus **g** (suathach) neo-phalataichte air cinneachadh nan /ɣ/ agus tha seo a' mairsinn aig toiseach facail agus aig deireadh facail an dèidh fhuaimreagan le beum (§ 5.6.9). Gu meadhanail chaidh a chall gu tric, ach tha e a' mairsinn an seo cuideachd ann an cuid de dh'fhaclan, m.e. /ĩɣɑL/ *iodhal* ainr., SG **ídal**, **ídol** (DIL s.v.); /^lmẽɣɣ ,vLɑ:/ (fuaim. caoch.) *meadha-bhlàth* br., bt. ‘meadh-bhlàth’ (‘LUKEWARM’), dh'fhaodadh bho SG **mid-** san t-seagh ‘middling, partially’ (DIL s.v.); /moɣɔl'/ *modhail* br., cf. SG **mod** (DIL s.v.); /s'N' ỹɣɣn/ *sniodhan* ainr. iol., bt. ‘sneadhan’ (‘NITS’) SG sg. **sned** (DIL s.v.). Aig deireadh facail an dèidh fhuaimreagan gun bheum tha seann **d** neo-phalataichte a' toirt /k/ (§ 8.2.10.3).

11.6.4 Tha seann **d** agus **g** (suathach) palataichte air cinneachadh nan /ɣ'/. Tha seo a' mairsinn aig toiseach facail agus aig deireadh facail an dèidh fhuaimreagan le beum (§ 5.6.5). Gu meadhanail tha an suathach sa chumantas air chall agus tha an fhuaimreag a bha ga leantainn air a h-atharrachadh gu /i/ (§§ 7.4.3.3, 11.2.2.1); ach uaireannan tha e a' mairsinn mar /ɣ'/ (§§ 5.6.5.1, 5.6.5.3) no mar /ɣ^h/ (§§ 5.6.6.1, 5.6.6.2). Aig deireadh facail ann an suidheachadh gun bheum tha seann **-(a)id** a' toirt /i/ (§ 7.4.3.4).

11.6.5 Tha seann **th** neo-phalataichte aig toiseach facail agus gu meadhanail sa chumantas a' cinneachadh na /h/ (§ 5.8.2.1); aig deireadh facail tha e air chall (§ 5.11.3.2(iii)). Ann an cuid de chòmhlain de sheann **th** + sònarach (ach a-mhàin **m**) tha mi am barail gum faighear uaireannan sònarach anailichte mar iar-riochd an Gl.

11.6.6 Tha seann **th** palataichte aig toiseach facail a' toirt /h/. Gu meadhanail tha e a' cinneachadh na /h/ sa chumantas cuideachd (§ 5.8.2.1) agus ag atharrachadh fuaimreig gun bheum a bhitheas ga leantainn gu /i/ (§ 7.4.3.3(iv)); ann an cuid de dh'fhaclan tha e a' toirt /ɣ'/ (§ 5.6.5.9) no /ɣ^h/ (§ 5.6.6.4) san t-suidheachadh seo. Aig deireadh facail tha an suathach air chall (§ 5.11.3.2(iii)). Gheibhear uaireannan sònarach anailichte bho chuid de chòmhlain de sheann **th** palataichte + sònarach (ach a-mhàin **m**). Tha an còmhlan **-thn-** palataichte gu tric a' toirt /-N'ɾ'-/ agus /-N'ɾ^h-/ (§ 5.14.3.17), ach gheibhear /n/ (§ 5.9.6.5) agus /n^h/ (§ 5.9.8.1) mar iar riochdan cuideachd.

11.6.7 Tha seann **b** agus **m** (suathach) neo-phalataichte a' mairsinn mar /v/ aig toiseach facail, aig deireadh facail an dèidh fhuaimreagan le beum, agus ann an cuid de dh'fhaclan gu meadhanail (§§ 5.6.2.1, 5.6.2.2). Ach gu tric ann an suidheachadh meadhanail tha an suathach air chall agus an fhuaimreag gun bheum a tha ga leantainn air a h-atharrachadh gu /u/ (§ 11.2.2.2). An uair a bhitheadh na seann suathaich a' leantainn consain, tha iad sa chumantas a' tuiteam às (agus bhite am dùil ri seann fhuaimreag ghoirid gun bheum a bha gan leantainn a bhith air a h-atharrachadh gu /ɔ/ no /u/, faic § 7.5.3.2; tha seo a' tachairt gu tric, ach chan ann an-còmhnaidh): /fa:kaɫ'/ *fàgail* agr., SG **fácbáil** (DIL s.v.); /t^hokaɫ'/ *togail* agr., MG **tócbáil**, nas tràithe **toebál**, **tuebál** (DIL s.v. 'tócbáil'); /k^has'ɔɾt/ *caiseart* ainr., cf. NGA *caisbheart* (Dw. s.v.); /esi/ *easbhaidh* ainr., MG **esbaid** (DIL s.v.); /at'ix'/ *aidich* gr. àithn., cf. MG **at(a)maid** (DIL s.v. 'ad-daim'); /t'ix̩LɔN'/, cuideachd /t'ix̩LɔN'/, *dìolain* br. ('ILLEGITIMATE', de chloinn), NGT **diolmhuin** 'of offspring *illegitimate*' (DIL s.v. 'dilmain'); /fo.ur/ *foghar* ainr., SG **fogamar**, nas fhadalaiche cuideachd **fogmar** (DIL s.v. 'fogamar'); /futɾLan/ *fudalan* ainr. ('A SWIVEL') cf. SG **utmall** br. 'unstable...; mobile, quick' (DIL s.v.);

/s'ɛxkɔN'/ *seachdain* ainr., MG **sechtmain** (DIL s.v.); /t^heku/ *teagamh* ainr., SG **tecmang** 'chance' (DIL s.v.); cuideachd ann am buadhairean di-ainmearach le iar-leasachan bho sheann **-mar** : /k^hɑ:l'ɔr/ *càilear* br., dh'fhaodadh bho sheann ***cáil** + **mar** ; /k^hɔ:Lɔr/ *ceòlar* br. ('ECCENTRIC'); /iɑ₁tvɔr/ *eudmhor* br. ('JEALOUS'); /fe:L'ɔr/ *fèillear* br. ('POPULAR, IN DEMAND') /sk'il'ɔr/ *sgilear* br. ('SKILFUL'); /su:ɔr/ *sùghmhor* br. ('CLEVER'). Ach gheibhear faclan anns a bheil an seann suathach air a ghleidheadh : /ur'ɣsvi/ *uireasbhaidh* ainr. ('INDIGENCE') NGT 'uiresbaidh' (DIL s.v. 'airesbaid'), /at'val'/ *aidmheil* ainr. (ann an /at'val' ɣ 'xrɣt'i/ *Aidmheil a' Chreideimh* ('CONFESSION OF FAITH')); agus buadhairean di-ainmearach /N'ɑrstvɔr/ *neartmhor* br., MG **nertmar** (DIL s.v.), /ixkvɔr/ *iochdmhor* br., /t^hekvɔx/ *teagmhach* br. ; is dòcha gur e eisimpleirean de rèim fhoirmeil¹²⁸¹ a tha annta seo, no ann am pàirt dhiubh.

11.6.8 Tha seann **b** agus **m** (suathach) palataichte a' cinneachadh nan /v/ no /v_i/ aig toiseach facail. Aig deireadh facail an dèidh fhuaimreagan le beum tha iad a' toirt /v̄/. Gu meadhanail tha iad uaireannan a' toirt /v̄/ (§§ 5.6.5.6, 5.6.5.7), ach sa chumantas tha iad air chall agus an fhuaimreag gun bheum a tha gan leantainn air a h-atharrachadh gu /i/ (§ 11.2.2.1).

11.6.9 Gu meadhanail tha seann **f** sa chumantas aon chuid a' tuiteam às air neo a' cinneachadh na /h/ : /t̄ɛnɛ₁.uN'ɔx/ *anfchainneach* br. ('DEBILITATED') cf. MG **anfann** (DIL s.v.); /k^hɔ̄nɔ₁.ik'/ *confhaig* ainr., bt. 'confhadh' ('ANGER') MG **confa(i)d** (DIL s.v.); /t̄ɣi₁r'ik'/ *Oighrig* ainr. dil. (ainm boireannaich 'PHEMIE') SG **Affraic** (MacBain td. 412 s.v. 'Oighrig'); /ihURN(ɣ)/, /ihYRN(ɣ)/ *iotharn(a)* ainr. (bt. 'iutharna') (ann an cleachdadh neo-dhiadhaidh¹²⁸²) SG **ifern**, tabh. **ifurnn**, **iffiurn** (DIL s.v. 'ifern'); /t̄ɔ̄nɔ₁hɣrat'/ *onfharaid* ainr. ('droch aimsir') cf. SG **anfud** (DIL s.v.).

¹²⁸¹ formal register

¹²⁸² in profane usage

Tha seann **f** aig toiseach facail gu tric a' mairsinn mar /f/ (faic § 5.6.3.1). Tha e a' cinneachadh na /h/ ann an /he:n/ *fhèin*, /h̃:n/ *fhìn*, riochd. ath-fhillteach, SG **féin**, **fadéin** (DIL s.v. 'fadéin'); /h₁u₁r̃/ *fhuir* gr. preit., cf. SG preit. **fo-fúair**, **fúair** (Th. § 763). A thaobh abairtean de leithid : /(₁)s 'as'k'(₁)/ *as fhaisg(e)* br. coim., /n₁s 'at'₁/ *nas fhaide* br. coim., /n₁ 's'ε:R/ *nas fheàrr* br. coim., /n₁ 'pε:R/ *na b' fheàrr* br. coim., SG **ferr**, cuideachd /s'ε:Rt₁/ *is fheàrrde* SG **ferr de**, **ferrde** (DIL s.v. 'maith'); /n₁s 'as₁/ *nas fhasa* br. coim., SG coim. **as(s)u** (DIL s.v. '2 assa(e)', ach cf. /fas₁xk/ *fasachd* ainr. ('EASE') cf. NGE 'usacht' (Dinneen s.v.); agus /nax 'ar'ix'/ *nach fhairich* nr. + gr. teachd. eis., cf. /far'ix'/ *fairich* gr. àithn., tha iad seo gam mineachadh mar eisimpleirean de shèimheachadh sioncronach air /f/, an dèidh na copail (faic § 10.1) no an dèidh an naisgeir /nax/ *nach* (faic § 10.4).

11.6.10 Tha seann suathaich eadar fhuaimreagan gun bheum gu tric a' tuiteam às agus tha na fuaimreagan air an giorrachadh nan aon fhuaimreig, m.e. /p₁ẽu₁Ntr₁x/ *banntlach* ainr., MG **baintrebthach** 'widow' (DIL s.v.); /p₁eh₁x/ *beathach* ainr., MG **bethadach** (DIL s.v.); /k^hos'oxk/ *coiseachd* agr., MG **coisidecht**; /₁ui₁γ'oxk/ *aoigheachd* ainr., SG **óigedacht** 'hospitality' (DIL s.v. 'oigidecht'); cuideachd an t-iar-leasachan /-ɔl'/ bho sheann **-amail** (faic § 7.5.3.2). Ach gheibhear hiatas eadar lidean gun bheum cuideachd, far an deach iar-leasachan, a tha a' toiseachadh le fuaimreig, a chur ri facal a tha a' crìochnachadh le nialas an dèidh lide gun bheum; faic § 8.5.1 airson chumhachan agus eisimpleirean, agus beachdachaidh gur e cinneachadh deireannach a tha san hiatas seo. Gheibhear /k/, a' co-fhreagairt ri seann **d** neo-phalataichte, ann an àireimh bhig de stuic far an deach iar-leasachan a chur ri facal a tha a' crìochnachadh le moirfeim an ainmeir ghnìomhairich (air a riochdachadh gu fòineimeach mar /₁xk/, /uk/, /ik/) (faic § 8.2.10.3(a)).

11.6.11 A thaobh a' chinneachaidh eachdraidheil a bha aig hiatas an Gl. faic § 5.11.2.

11.7 Seann dà-fhogharan aí, áe, oí, óe

11.7.1 Tha na dà-fhogharan a tha sgrìobhte **aí, áe, oí, óe** etc. san t-SG sa chumantas air cinneachadh nan /u:/ (§ 4.8.6.1). An uair a bha na dà-fhogharan air an leantainn le suathach palataichte guthach no **th** palataichte, gheibhear gu tric mar iar-riochd dà-fhoghar /_lu_i/, /_lu_i/ (CNC) no /_lʁ_i/ (RMC), air a leantainn leis an t-suathach phalataichte /ɣ'/ san t-suidheachadh mheadhanail, m.e. /_lu_i/ *laoigh* gin. sg. agus ain. iol. de /Lu:ɣ/ *laogh* ainr. ('A CALF'), MG gin. sg. **láeg** (DIL s.v. 'lóeg') ; /N_lu_iɣ'an/ (CNC), /N_lʁ_iɣ'an/ (RMC), *naoidhean* ainr. ('A NEW-BORN BABY, A YOUNG BABY') cf. SG **noídiu** (DIL s.v.), **noídenán** (DIL s.v.) ; /k_lu_i/ *gaoith* ainr. tabh. de /ku:/ *gaoth* ainr. ('WIND') SG **gáeth** ; cuideachd, leis an t-seann dà-fhoghar aig deireadh facail (§ 4.14.5.7), /k^h_lu_i/ (CNC), /k^h_lʁ_i/ (RMC), *caoidh* agr., SG **caí, coí** (DIL s.v. 'caí'). Ann an /N_u:ɣ/ *naodh* ainr. & br., SG **nóí**, tha suathach vèilearach neo-phalataichte air a chur ris an fhacal aig an deireadh.

Bidh e coltach gu bheil cinneachadh sònraichte aig **áe, óe** etc. air an leantainn le suathach bileach, ann an cuid de dh'fhaclan, gu /u:/ no /ju:/ : /t^hu:/ *tùbh* ainr., iol. /t^hu:.ɣNɣn/ *tùbhannan*, bt. 'taobh', 'taobhan', SG sg. **táeb, tóib, tóeb** (DIL s.v. 'taeb') ; /k^hr^hju:/ *criùbh* ainr., iol. /k^hr^hju.un/ *criubhan*, bt. 'craobh', 'craobhan', SG sg. **cráeb, cróeb** (DIL s.v. 'cráeb') ; /k^hũ:.uN'/ *cùmhainn* gr. àithn. ('SPARE, SAVE'), bt. 'caomhain', MG **caémnaid** (DIL s.v.), cuideachd /k^hũ:nɣ/ *cùmhna* agr., bt. 'caomhnadh', MG **caémna** (DIL s.v.). Ach air an làimh eile gheibhear /fu:.ur/, /fɣ:.ur/, *faobhar* ainr., MG **fáebar** (DIL s.v.) ; /N_u:v/ *naomh* br., SG **noíb** (DIL s.v.) ; agus /k^hũ:v/ *caomh* br., SG **caém** (DIL s.v.). 'S iad an dà chuid /u:/ agus /ju:/ a gheibhear mar iar-riochd air an t-seann dà-fhoghar ann an /ũ:n/ agus /jũ:n/, *aon*, SG **óen-, oín-** (DIL s.v. 'oen'-).

11.7.2 Uaireannan 's e /a:/, /ɔ(:)/ no /o:/ a gheibhear mar iar-riochd air na seann dà-fhogharan **áe, óe** etc. Tha beachdachadh aig Borgstrøm (1940 : §296.2, td. 210) air a' chùis seo, agus air an

eadar-mhalairt **oé** ~ **ó**, **aé** ~ **á** san t-Seann Ghàidhlig. Fhuaras na h-eisimpleirean a leanas an Gl. : /fa:l'tʰɣ/ *fáilte* ainr., cf. SG **fáilte** (DIL s.v. ‘fáilte, fáilte’, agus faic Th. § 66) ; /ka:l'ik'/ *Gàidhlig* ainr. dil., cf. MG **Goídelc** (DIL s.v.), cuideachd /ka:iL/ *Gaidheal* ainr. dil., SG **Goídel** (DIL s.v.); /kʰʒ:N'ɣ/ *còine* agr., bt. ‘caoineadh’, SG **caíne**, **coíne** (DIL s.v. ‘caíne’); /kʰo:N't'ɔx/ *còinteach* ainr. (‘MOSS’), bt. ‘còinneach’, SG **caenna** (DIL s.v.), **caennach** (DIL s.v. ‘1 caennach).

Ann an cuid de dh’fhaclan gheibhear iar-riochdan no dùblagan an dà chuid ann an /a:/ no /ɔ:/, agus ann an /u:/, an Gl. : /na 'u̯i:nɣr/ *na aonar* SG **óenar** (DIL s.v. ‘oenar’), cuideachd /u̯i:Ntranɔx/ *aontranach* br. (bt. ‘aonaranach’) MG ***oenaránach** (DIL s.v.), ach /ʒ:Rɔxan/ *ònrachan* ainr. (‘A PERSON ALONE, RECLUSE’); /ka:r'/ *gàir* ainr. (‘DIN, NOISE’) agus /ku:r'/ *gaoir* ainr. (‘CRY OF PAIN, SENSATION OF PAIN’), leis na dhà, dh’fhaodadh e a bhith, a’ bunachadh ann an SG **gáir** ‘a shout’ (DIL s.v.). Tha /tʰɔ:s'ɔxkiN'/ *tòiseachdainn* agr., cuideachd /hɔ:s'ix'/ *thòisich* gr. preit., a’ bunachadh ann an SG **toíseach** (DIL s.v.), ach gheibhear cuideachd /tʰɔs'ɔx/ *toiseach* ainr. le fuaimreig ghoirid, SG **tosach** (DIL s.v.). Cluinnear fuamreag ghoirid cuideachd ann an /tʰɔ.i/ *toidhe* ainr. (‘HEED’), gu tric sa cho-ionadachadh /hɔr' tʰɔ.i/ *thoir toidhe* (‘BE CAREFUL’), bt. ‘taidhe’, a rèir coltais bho SG ***óid** agus cf. MG ‘tabar d’oid’ (DIL s.v. ‘óid’) (faic § 4.5.6.4). Fhuaras /kʰLɿwi/ (CNC) *claidh* agr. bho SG **clód**, ach tha DIL (s.v.) a’ sealltainn ‘Later forms very variable : cla(o)í, cla(o)íd, cla(o)íde’. A thaobh /smɿũq_nix'/ *smuanaich* gr. àithn., MG **smúainid** (DIL s.v.) le **úa** air a dhà-fhogharachadh bho ***ó** (Th. § 60), tha am facal seo a’ co-fhreagairt ri /smũ:nix'/ anns na h-Eileanan an Iar; tha Borgstrøm (1940 : §296.2, td.210) a’ faighneachd na ceiste an e cinneachadh sònraichte bho /ɿũq/ a tha san /u:/ a chluinnear sna h-Eileanan an Iar, no an e eisimpleir eile a tha ann den t-seann eadar-mhalairt **oé** ~ **ó**, le /smɿũq_nix'/ (Gl.) bho sheann ***smó(i)nid**, agus /smũ:nix'/ (na h-Eileanan an Iar) < ***smóénid**?

11.7.3 Tha seann **é** ro chonsain dùinte neo-phalataichte gu tric a’ toirt /u:/ (faic § 4.8.6.2), m.e. /u:tɔx/ *aodach* ainr., SG **étach** (DIL s.v.) ; /u:tɔN/ *aodann* ainr., SG **étan** (DIL s.v.) ; /ɣ¹fu:t/ *am faod* gr. teachd. eis., cf. SG taisb. làth. 3 sg. pròtatonach **-éta** (DIL s.v. ‘ad-cota’), MG **fétaid** (DIL s.v.) ; /mũ:taL/ *maodal* ainr. (‘TRIPE’) MG **métal** ‘a paunch, belly (esp[ecially] of an animal used for food)’ (DIL s.v.) ; /sũ:tiX’/ *saodaich* gr. àithn. (‘DRIVE TO PASTURE, DRIVE OFF’ de chroth), dh’fhaodadh MG **sétaigid** leis a’ chèill (ais.) ‘sends on its way, directs’ (DIL s.v.) ; leis an ro-leasachan chùmhntach¹²⁸³ SG **é-** (DIL s.v. ‘an-’) : /'u: tʃ.ɔN’/ *aodomhainn* br., SG **édomain** (DIL s.v.) ; /u:trɔm/ *aotrom* br., SG **étromm** (DIL s.v.). Tha Borgstrøm (*loc. cit.*) a’ co-dhùnadh bhon seo :

‘Since /u:/ as a rule represents a diphthong *oé*, *aé*, it is reasonable to think that initial *é* early was segmented into a diphthong with a back or mixed vowel as its first part, and that this was subsequently contracted to /u:/.’

11.8 Svarabhakti

Faic § 5.16 airson beachdachaidh air svarabhakti an Gl.

11.9 Seann Ghàidhlig */ö/ no */ə/

(Faic Pedersen 1913 : § 238, Borgstrøm 1940 : § 295, Th. §§ 80, 823, Ahlqvist 1994 : § 3.4). Tha an fhuaimreag le beum ann an cuid de dh’fhaclan ann an SG agus ann am MG air a riochdachadh le litreachaidhean iomlaideach¹²⁸⁴ : au, ai, oi, e, i, o, u ; tha Pedersen agus, ga leantainn, Thurneysen, Borgstrøm is Ahlqvist, a’ toirt beachd gu bheil an caochladh litreachaidhean seo a’ riochdachadh fòineim (ann an lidean le beum) san t-SG de ghnè /ö/ no /ə/. Ach tha Greene (1976 : § 4.1.2) a’ sgrìobhadh mun chùis seo : ‘This may be so, but the conclusion does not impose itself’, agus tha e ag argamaid gur e caochlaideachd fhogharach¹²⁸⁵ a tha na litreachaidhean seo a’ riochdachadh (faic cuideachd L. Breatnach 1994 : § 3.3). Tha na h-iar-riochdan a fhuaras an Gl. air faclan den t-seòrsa seo mar a leanas :

¹²⁸³ privative prefix

¹²⁸⁴ alternative spellings

¹²⁸⁵ phonetic variation

/ɛ/ : /fɛrɣst(ɣ)/ *fearast(a)* br., bt. ‘furasta’, MG, NGT **airassa**, **urusa**, **aurusa**, **irusa**, **erussa** (DIL s.v.).

/e/ : /ɛrʲeɟmisʲ/ *airmis* gr. àithn., MG **airmaisid**, cuideachd **erm-**, **orm-**, **irm-**, **urm-** ‘hits the mark, aims at, strikes ... manages to, succeeds in, can’ (DIL s.v. ‘airmaisid’), cuideachd /ɛrʲeɟmsʲɔxkiNʲ/ *airmseachdainn* agr., MG **airmaisiu**, cuideachd **urmoissi**, **ormoisi**, **earmaisi**, **airmaisín**, **urmaisín**, **ormaisín**, **ermaisín**, (DIL s.v. ‘airmaisiu’), agus /ɛrʲeɟmsʲɔx/ *airmseach* br. (‘WITTY’), cf. NGT **airmais(n)ech**, **urmaisnech** ‘well-aimed’ (DIL s.v. ‘airmaisnech’)

/i/ : /iL^hiXʲ/ *io(th)laich* ainr., cuideachd /iLɔx/ *iolach* ainr. (‘HAPPY SHOUTING, CHEERING’), SG **ilach**, cusp. **elig**, MG **iolach**, **ulach** (‘a cry of delight, pleasure’ DIL s.v., ‘paean’ Th. § 80).

/i/ (< */i/) : /i:pɣɾt/ *ìobairt* ainr. (‘A SACRIFICE ; AN ATTEMPT’) SG **idbart**, **edbart**, **audbirt** cusp. sg., **udbairt** (DIL s.v. ‘idbart’, Borgstrøm 1940 : § 295, Th. § 80, Ahlqvist 1994 : §3.4, Greene 1976 : §4.2.1).

/u/ : /u.im/ *uidheam* ainr., SG, MG, **aidemm**, **adimm**, **adim** ‘Found in a great variety of forms : idim, uidim, udaim, ughaim, audaim *etc.*’ (DIL s.v. ‘aidemm’); /uLi/ *ullamh* br., SG **airlam**, cuideachd **erlam**, **irlam**, **aurlam**, **urlam** (DIL s.v. ‘airlam’; Th. § 823); /ɽuruɟpuL/ *urball* ainr. (‘A TAIL’), bt. ‘earball’, MG **erball** (DIL s.v.; cf. Borgstrøm 1940 : § 295); /ɽuruɟxɣrʲ/ *urchair* ainr., SG **airchor**, cuideachd **erchor**, **aurchor**, **orchar**, **urchor** (DIL s.v. ‘airchor’); /uɾɣt/ *urrad* riochd. (‘AS MUCH, SO MUCH’) (homanaimeach an Gl. ri /uɾɣt/ *urrad* cgr. ‘UP (HIGH), UP TOP’) MG **airet**, cuideachd **eret**, **oiriut** (DIL s.v. ‘airet’); /surinʲ/ *is urrainn* copail + ainr., cf. SG **aurrae**, **aurrad**, NGT **urra**, **orra**, **earra** ‘leader ... surety, guarantor’ (DIL s.v. ‘aurrae’); /ursinʲ/ *ursainn* ainr., SG **airsa**, nas fhadalaiche cuideachd **airsan**, agus gheibhear **irsa**, **airsain**, **orsain**, **ursainnd** (DIL s.v. ‘airsa’); /^huLɔx/ *tulach* ainr., SG **tulach**, cuideachd **ta-**, **tai-**, **tau-**, **te-**, **ti-**, **to-**, leis a’ chèill ‘Hill(ock), mound’ (DIL s.v. ‘1 tulach’; Th. § 80).

/u/ (< */u/) : /ũ:Laɾ/ *ùrlar* ainr., MG **urlár**, cuideachd **airlár**, **irlár**, **orlár** (DIL s.v. ‘airlár’); /u:RNi/ *ùrnaigh* ainr., SG **airnigde**, **irnisigde**, **ernigde** (DIL s.v. ‘airnigde’).

11.10 Co-choslachadh agus dì-choslachadh ann an còmhlain chonsan

11.10.1 Mar a thug Borgstrøm (1940 : § 305) an aire sna h-Eileanan an Iar, mar sin an Gl., tha còmhlan sam faighte gu tùsail srònach + fuaim l-, r- no -s air an sìmpleachadh le call an t-srònaich. Eisimpleirean : /k^hũ:LɔX/ *connlach* ainr. ('STUBBLE' air raon) NGT **connlach** 'stubble, straw' (DIL s.v.); /ĩɑ₁Lɑγ'/ *eunlaith* ainr., SG **énlaith** (DIL s.v.); /p[ẽu₁ri/ *bànriugh* ainr., cf. MG **ben-ríga(i)n** (DIL s.v. 'ben'); /ĩ:s'ɣ/ *innse* gr. teachd. ('WILL TELL') MG **indisid** (DIL s.v.); /R[ũu₁sɔXkɣN'/ *rannsachdainn* agr., bt. 'rannsachadh' SL **rannsaka** (cf. Cox 1992 : 138); /ĩđi₁l'ɣn/ *ainglean* iol. de /ĩγ'ɣL/ *aingeal* ainr., SG cusp. iol. **aingliu** (DIL s.v. '1 aingel').

11.10.2 A thaobh guthachaidh ann an còmhlain de shònrach + consan dùinte, faic § 3.2.3.4.

11.10.3 Tha seann **tr** agus **dr** palataichte air an dì-phalatachadh aig toiseach facail, agus tha **t(t)r** palataichte air a dhì-phalatachadh gu meadhanail : faic §§ 5.4.4.1, 5.4.6.1, 5.9.13.2. Eisimpleirean : aig toiseach facail : /t^hre:n/ *treun* br., MG **trén** (DIL s.v.); /t^hri:/ *tri* ainr. & br., SG **trí** (DIL s.v.); /treX/ *dreach* ainr., SG **drech** ; /strep^h/ *sreap* gr. àithn. & agr., NGT **drep(p)** 'climbs' (DIL s.v.), agus cf. SG **drep(p)** 'ladder, stair' (DIL s.v.). Gu meadhanail : /at^hri/ *aitreabh* ainr. ('togalach mòr') SG **aittreb** ; /s'it^hrix'/ *sitrich* agr., MG **sitrech** (DIL s.v.). Ach tha mi am barail gu bheil **dr** palataichte a' fuireach gun dì-phalatachadh ann an /Lu^tr'ɣk/ *luidreadh* agr. ('GUDDLING'), riochd a chluinnear còmhla ri /Lu^t'ɣr'ɣk/ *luidireadh* agr.

11.10.4 Tha seann **cr-** agus **gr-** palataichte air an dì-phalatachadh gu h-ainmig, faic § 5.9.13.2. Eisimpleirean : /k^hrɣt'/ *creid* gr. àithn., SG **cretid** (DIL s.v. 'cretid'), cuideachd /k^hrɣt's'ín'/ *creidsinn* agr. ; /krɣ:nɔXɣs/ (fuaim. caoch.) *greadhnachas* ainr., a rèir MacBain cf. MG **grednach** br. ('shouting, clamorous' : DIL s.v.) ; /kr[ɣi₁m/ *greim* ainr. sg., SG **greimm**, /krɣmɣNɣn/ *greimeannan* ainr. iol. ('BITES, PAINS') SG **gremman**, NGT **gremanna** (DIL s.v. 'greimm'); /krɣmix'/ *greimich* gr. àithn., MG **gremmaigid** (DIL s.v.). Ach sa chumantas tha

an **r** a' mairsinn palataichte, m.e. /kr' [iɑ]six'(ɣ)/ *greusaich(e)* ainr., cf. MG **grésaide** 'a shoemaker, an embroiderer' (DIL s.v.). Tha mi am barail gun cluinnear an dà chuid /kr' ʔi:N'/ ([ǵrʲ ʔi:p]) agus /kr' ʔi:N'/ ([ǵrʲ ʔi:p]) *grinn* br., MG **grind** (DIL s.v.).

11.11 Consain ailbhealach ann am faclan-iasaid bhon Bheurla

Ann an cuid de dh'fhaclan-iasaid bhon Bheurla gheibhear consain ailbhealach an Gl. de na seòrsachan a leanas :

11.11.1 Consain dhuine ailbhealach neo-anailichte /t/ agus anailichte /tʰ/ (faic §§ 5.1, 5.2, 5.4.12-5.4.15). Gheibhear iad seo (mar iar-riochdan air fòineimean Beurla) ann an suidheachadh le beum a-mhàin. Coltach rin co-ghinearaich deudach, tha iad rin cluinntinn le mùthadh srònach mar /d/ agus /dʰ/ ; tha /tʰ/ iar-anailichte aig toiseach facail agus ro-anailichte an uair a bhitheas e a' leantainn fuaimreig. Is dòcha gur iad seo nithean a tha gu ìre deireannach san liosta-iomlain de dh'fhòineimean a tha aig an dualchainnt¹²⁸⁶ ; le rannsachadh mionaideach air an co-roinn leicseachail dh'fhaoidte feuchainn ri measrachadh a thoirt air cuine a thàinig iad a-steach don dualchainnt. Ach bhitheadh duilgheadasan gu leòr co-cheangailte ris a leithid de mheasrachadh ; cf. Quick 1988 : 40 :

'There seems to be little in the phonetics of the Scots and Gaelic words to enable us to place the borrowing of any word earlier than the time of first attestation, or to prevent us from doing so... Gaelic words that seem to have retained Scots alveolar /d, t, l, n/ and not to have substituted dental consonants are not particularly helpful'.

Mar eisimpleir, gheibhear /l/ agus /tʰ/ ailbhealach san fhacal /lɔtʰ(ɣ)/ *lot(a)* ainr. ('A CROFT') BA **lot** 'a piece of land allotted to a particular tenant' (CSD), agus seach gur ann sa bhliadhna 1846 a chaidh oighreachd Gheàrrloch atharrachadh bhon roinn-ruithe gu croitearachd, bhitheadh e reusanta a shaoilsinn gun robh na fòineimean ailbhealach seo a' nochdadh ann am faclan-

¹²⁸⁶ presumably these are relatively recent items in the phonemic inventory of the dialect

iasaid an Gl. fo mheadhan na naodhamh linn deug. Ach air an làimh eile, 's e /t^h/ deudach a chluinnear san fhacal /vɔ:t^hɣk/ *vòtadh* agr., bho B **vote**, ged a tha an /v/ bhon Bheurla [v] air mairsinn aig toiseach an fhacail Ghàidhlig sna riochdan gun mhùthadh, nì a dh'fhaodadh a bhith na comharra gur e facal-iasaid glè dheireannach a tha ann.

Tha e sònraichte gum faighear /t/ (ann an suidheachadh gun bheum) ann an /RO.ʉt/, cuideachd /ROʉt/, *robhairt* ainr., bt. 'reothairt', facal a tha a' bunachadh ann an SG **robarta**, **rabarta** (DIL s.v. 'robarta'). Bidh e coltach gur e an còmhlan /Rt/, gu fogharach [t^v] no [t^v] (§ 5.12.4.5) a bha roimhe aig deireadh an fhacail seo ; aon uair agus gu tàinig /t/ a-steach do liosta-iomlan nam fòineimean an Gl. bha e comasach don chòmhlan, san t-suidheachadh gun bheum, an sleamhnan-'r' agus feart an vèilearachaidh a chall. Ach chan eil e soilleir dhomh, mas e seo a' chùis, carson a thachair e ris an fhacal seo a-mhàin (oir ann am faclan eile tha an còmhlan tùsail /Rt/ air a ghleidheadh).

11.11.2 Taobhach ailbhealach neodrail /l/ (faic §§5.9.17.6, 5.9.24). 'S e fòineim a thàinig a-steach don liosta-iomlain aig àm dèireannach a tha san fhear seo cuideachd ; gheibhear e a-mhàin aig toiseach facail ro fhuaimreagan cùlaibh, far a bheil e eadar-sgarach¹²⁸⁷ ris an ailbhealach phalataichte /l/. 'S e seo am fòineim a tha aig CNC san ainmear dhìleas /flɔ:rɣ/ *Flòra* (ainm boireannaich), ach dh'innis i dhomh gur e /flɔ:rɣ/ le fòineim /L/ a chluinnte, aig cuid de dhaoine co-dhiù, am measg ginealach a pàrantan (muinntir a rugadh ron chiad chogadh).

11.11.3 Taobhach ailbhealach palataichte /l/ (faic §§5.9.17.4, 5.9.21.6). 'S e seo fòineim a tha air a bhith ann bho chionn fhada, ann an liosta-iomlan na dualchainnt. Ann an cuid de dh'iasadan bhon Bheurla tha e ri fhaighinn aig toiseach facail ann am faclan leicseachail¹²⁸⁸, ann am suidheachadh far nach robh mùthadh morfa-fòn-eòlach ann¹²⁸⁹ (nì nach fhaighear uair sam bith, cho fad 's a tha fios agam, ann am faclan le bunachadh SG no SL). Tha fòineim /l/ ri

¹²⁸⁷ distinctive

¹²⁸⁸ in lexical words

fhaighinn gu h-iar-fhuaimreagach agus gu h-eadar-fhuaimreagach ann am faclan gach cuid le bunachadh SG, SL no Beurla, ach 's ann an an iasadan bhon Bheurla a-mhàin a gheibhear e mar a' chiad eileamaid den chòmhlain /-lʰtʰ(-)/ (far an e an consan dùinte ailbhealach anailichte /tʰ/ an dara eileamaid), m.e. /tʰolʰtʰ/ *tolt* ainr. ('A PATCHWORK QUILT'), BA **twilt**, **t(w)olt**, = BBT 'quilt'.

11.11.4 Srònach ailbhealach neodrail /n/ (faic §§5.9.4, 5.9.6). Coltach ri /lʰ/, tha seo air a bhith ann bho chionn fhada, ann an liosta-iomlan na dualchainnt, cuideachd. Ann an cuid de dh'iasadan Beurla tha e ri fhaighinn aig toiseach facail ann am suidheachadh far nach eil mùthadh morfa-fòn-eòlach air a bhith ann. Tha /n/ ri fhaighinn gu h-iar-fhuaimreagach agus gu h-eadar-fhuaimreagach ann am faclan le bunachadh SG, SL no Beurla, ach 's ann an an iasadan bhon Bheurla a-mhàin a gheibhear e mar a' chiad eileamaid de na còmhlain /-ntʰ-/ , /-ntʰ-/ agus /-ntʰ(-)/, m.e. /Rĩ:ntarʰ/ (CNC) *rìondair* ainr. ('A PURLIN'), BA **rind**, **reen** ('a strip or slat of wood' CSD s.v. 'rind'); /Rěntarʰ/ (RMC) *reandair* ainr. ('A PURLIN'), a-rithist cf. BA **rind**, **reen**; /pʰěntʰ/ *peant* ainr. ('PAINT') BA **pent**.

Cha ruigear a leas a ràdh, bho shealladh sioncronach, gu bheil na fòineimean ailbhealach ris an deach dèiligeadh an seo dìreach nan earrainn a-nis de liosta-iomlan fhòineimeach na dualchainnt¹²⁹⁰, mar a tha eisimpleirean nam paidhreannan mionamail agus faisg-mhionamail a' sealltainn (§ 3.2.2). Chan eil e gu diofar a thaobh tuarisgeil shioncronaich gur ann a-mhàin ann am faclan-iasaid bhon Bheurla a gheibhear iad, agus sa chumantas (saor bho na h-iasadan as deireannaiche buileach) chan eil daoine mothachail co-dhiù, cho fad 's as fiosrach dhomh, gur e iasadan bhon Bheurla a tha anns na faclan seo.

¹²⁸⁹ in some loans from English it occurs word-initially in a situation where there has been no morphophonological mutation

¹²⁹⁰ the alveolar phonemes ... are now simply a part of the phoneme inventory of the dialect

11.12 Ro-analachadh

Gheibhear tuairisgeul fogharach air na consain dùinte anailichte, agus beachdachadh air an inbhe fhòineimich a tha aca, aig § 5.1.2. Cha dèanar an seo ach beachdachadh goirid air an àite a tha aig a' ghnè de ro-analachadh a gheibhear an Gl. san schema aig Ó Murchú 1985.

Chithear gu bheil an suidheachadh a tha againn an Gl. na laighe eadar gnè 2 ('the Lewis system') agus gnè 3 ('a south Hebridean type') aig Ó Murchú (*op. cit.* : 196, § 3). Tha an ro-analachadh a chluinnear an Gl. nas treasa na tha e an Leòdhas, agus tha ìre bheag de shuathadh vèilearach ann ; tha seo nas coltaiche ri gnè 3 aig Ó Murchú. Air an làimh eile tha na h-iar-riochdan air seann **c(c)** neo-phalataichte agus seann **cht** eadar-sgaraichte sa chumantas an Gl., coltach ri gnè 2. Is dòcha gu robh an t-eadar-sgaradh seo air a chumail na bu teinne aig an àm a bha Borgstrøm ag obair ann an Ros an Iar (*cf.* Borgstrøm 1941 : ttd. 100-1, § 58) ; an diugh 's ann a tha tomhas de throimhe-chèile ann, m.e. /pok^h/ agus /poxk/ *boc* ainr. ('A BUCK') SG **boc(c)** (DIL s.v. '2 boc') ; /strak^h/ agus /straxk/ *srac* gr. àithn. (bt. 'srac'), *cf.* NGE 'sracaim' (Dinneen s.v.). (agus faic am beachdachadh ann an § 5.13).

Ma ghabhar ris a' phostalaid a tha Ó Murchú (1985) a' cur air adhart a thaobh cinneachadh an ro-analachaidh ann an Gàidhlig na h-Alba :

'devoicing of mediae began in, or near, the region which has now merged the older oppositions [i.e. Siorrachd Pheairt an ear], ... but with the more westerly varieties remaining conservative and reinforcing the older oppositions by a compensatory intensification of pre-aspiration' (*op. cit.* : 197) ;

an uair sin thuigte gu bheil dualchainnt Gheàrrloch am pròiseas gluasaid air falbh bho shiostam de chonsain dhùinte a bhuineas do ghne 2 aig Ó Murchú, agus a dh'ionnsaigh an t-siostaim mheasgaichte, gnè 3.